

## Poileasaidh Dion Cloinne

### TAR-SHEALLADH

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ris a h-uile neach-obrach, a' gabhail a-steach àrd-mhanaidsearan agus bòrd urrasairean, luchd-obrach pàighte, daoine a tha ag obair air an ceann fhèin, saor-thoilich, luchd-obrach seiseanail agus oileanaich no duine sam bith a tha ag obair às leth Comhairle nan Leabhraichean.

Is e adhbhar a' phoileasaidh seo:

- a bhith a' dìon clann agus òigridh a tha a' gabhail pàirt anns na gnìomhan againn no a' cleachdadh nan seirbheisean againn
- na prionnsabalan a thoirt dhan luchd-obrach againn a tha a' stiùireadh nan dòighean-obrach againn a thaobh dìon-chloinne

Tha Comhairle nan Leabhraichean den bheachd nach bu chòir do chloinne is daoine òga droch dhìol de sheòrsa sam bith fhulang. Tha e mar uallach oirnn a bhith a' brosnachadh agus a' dìon sunnd na cloinne air fad agus tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' dèanamh na h-obrach againn ann an dòigh a tha gan dìon bho chionn.

### FRÈAM-OBACH LAGHAIL

Chaidh am poileasaidh seo a chruthachadh, stèidhichte air laghan agus stiùireadh a tha ag amas air clann a dhìon, a' gabhail a-steach:

- Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh (UNCRC)
- Achd na Cloinne is na h-Òigridh (2014)
- Achd Dìon nam Buidhnean So-leònte (Alba) (2007)
- Riaghailt Coitcheann an Dìon Dàta (GDPR)
- Achd na Co-ionannachd (2010)
- Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh (GIRFEC)
- agus stiùireadh iomchaidh eile air leas chloinne

### MAR A DH'OBRAICHEAS SINN LE CLANN IS ÒIGRIDH

Tha sinn ag aithneachadh:

- gum bu chòir leas a' phàiste daonnan a bhith na phrìomhachas
- gum bu chòir dèiligeadh ri clann is daoine òga uile gu cothromach agus le urram agus spèis
- gu bheil a' chòir aig clann is daoine òga air dìon bho gach seòrsa cron, droch dhìol, dearmad agus gabhail brath
- gu bheil a' chòir aig clann is òigridh uile a bhith a' cur am beachdan an cèill mu chùisean a tha a' toirt buaidh orra

Tha sinn ag amas air clann is òigridh a chumail sàbhailte le bhith:

- a' trusadh luchd-obrach agus saor-thoilich gu sàbhailte, a' dèanamh cinnteach gun tèid gach sgrùdadh iomchaidh a dhèanamh
- a' gabhail ri cleachdaidhean dìon chloinne tro dhòigh-obrach agus còd-giùlain (faic td 3-4 gu h-ìosal) airson luchd-obrach is saor-thoilich
- a' dèanamh cinnteach gum faigh an luchd-obrach agus na saor-thoilich againn trèanadh dìon chloinne, stiùireadh agus taic iomchaidh

- a’ cruthachadh agus a’ cur an gnìomh dòighean-obrach iomchaidh co-cheangailte ris an t-susbaint air-loidhne againn
- a’ co-roinn fiosrachadh mu dhìon chloinne agus deagh chleachdadh le clann, pàrantan, luchd-obrach agus saor-thoilich
- a’ co-roinn dhraghan le buidhnean, pàrantan agus clann mar as iomchaidh

### **DISCLOSURE SCOTLAND**

Tha Comhairle nan Leabhraichean a’ dèanamh cinnteach gu bheil a clàradh le Disclosure Scotland air a chumail suas agus gu bheil teisteanas dìon bhuidhnean so-leònte (PVG) aig neach sam bith a tha ag obair le clann no daoine òga às leth na buidhne.

Còd buidhne clàraichte aig Disclosure Scotland: COM1281618

Neach-clàraichte le Disclosure Scotland:

- Alison Lang, Stiùiriche (neach-obrach)

Tha teisteanasan PVG aig Disclosure Scotland clàraichte do Chomhairle nan Leabhraichean air an cumail leis na daoine a leanas aig a bheil ceangal cunbhalach ri clann is daoine òga nan obair airson Comhairle nan Leabhraichean:

- Linda NicLeòid, Tosgair Leughaidh na h-Òigridh (ag obair air a ceann fhèin)
- Annabel Harrison, Co-òrdanaiche Foghlaim (neach-obrach)

Dh’fhaodte cuideachd gun cleachd Comhairle nan Leabhraichean saor-thoilich agus daoine a tha ag obair air an ceann fhèin aig a bheil teisteanasan PVG a chaidh a thoirt dhaibh mar dhaoine fa-leth no tro bhuidhnean eile gus obair le clann no daoine òga.

### **FIOS CONALTRAIDH**

Bu chòir duine sam bith aig a bheil ceistean no draghan mun phoileasaidh seo no mu chùisean dìon chloinne co-cheangailte ri Comhairle nan Leabhraichean fios a chur gu Alison Lang, Stiùiriche Comhairle nan Leabhraichean, anns a’ chiad dol a-mach, aig [alison@gaelicbooks.org](mailto:alison@gaelicbooks.org) no air 0141 337 6211.

Bu chòir do dhuine sam bith aig a bheil dragh mu shlàinte is sunnd pàiste no neach òg fios a chur gu:

- Seirbheisean cùram sòisealta Comhairle Baile Ghlaschu 0141 287 0555 (uairean oifise) no 0300 343 1505 (a-mach à uairean oifise), no do dh’oifisean nan seirbheisean cùraim aig an ùghdarras ionadail iomchaidh
- Poileas Alba: àireamh neo-èiginn 101, àireamh èiginn 999
- Children 1<sup>st</sup>: 0131 446 2300

### **ATH-SGRÙDADH AIR A’ PHOILEASaidH**

Tha am poileasaidh seo stèidhichte air teamplaid a chaidh a mholadh le Clann an Alba agus Alba Chruthachail ann an “Creating Safety – child protection guidelines for Scotland’s arts, screen and creative industries” (2019): [Creating Safety | Creative Scotland](#).

Chaidh a sgrìobhadh san Ògmhios 2020 le Alison Lang, Stiùiriche, Comhairle nan Leabhraichean.

Chaidh am poileasaidh seo aontachadh le Bòrd nan Urrasairean air 24 Ògmhios 2020.

Chaidh a sgrùdadh agus aontachadh airson bliadhna eile gun atharrachadh air 30 Ògmhios 2021.

Chaidh a sgrùdadh agus aontachadh airson bliadhna eile gun atharrachadh air 28 Ògmhios 2022.



Chaidh a sgrùdadh agus aontachadh airson bliadhna eile, le atharrachaidhean beaga, air 27 Ògmhios 2023.

Chaidh an tionndadh seo, le atharrachadh a' sealltainn nan daoine aig a bheil teisteanasan PVG an-dràsta, aontachadh leis a' bhòrd aig a' choinneimh air 26 Ògmhios 2024.

**Comhairle nan Leabhraichean (The Gaelic Books Council)  
An còd-giùlain againn**

Tha an còd seo a' cur an cèill na thathar an dùil bho gach neach-obrach, saor-thoileach agus neach-obrach a tha ag obair air an ceann fhèin a tha ag obair do Chomhairle nan Leabhraichean, cho math ri duine sam bith a tha ag obair ann an com-pàirteachas leinn no a tha ag obair às ar leth.

Is e adhbhar a' chòd seo:

- clann is òigridh a dhìon bho chron
- gus luchd-obrach agus saor-thoilich a chuideachadh gus an ìre giùlain ris a bheil sinn an dùil a chumail suas

Àite an luchd-obrach agus nan saor-thoileach:

Tha gach neach-obrach agus saor-thoileach a tha ag obair do Chomhairle nan Leabhraichean ag obair ann an suidheachadh earbsach agus tha dùil gum bi iad daonnan gan giùlan fhèin ann an dòigh iomchaidh. 'S ann ainneamh a bhios gnìomhan Comhairle nan Leabhraichean a' feumachdainn ceangal dlùth le clann no daoine òga no gum bi daoine leotha fhèin le clann no daoine òga, agus bidh pàrantan no tidsearan an làthair anns cha mhòr a h-uile cùis. Bu chòir gach inbheach a tha an sàs anns na gnìomhachdan againn an còd-giùlain seo a leantainn.

Bu chòir do luchd-obrach agus saor-thoilich:

- A bhith ag obair taobh a-staigh poileasaidhean is modhan-obrach Comhairle nan Leabhraichean, a' gabhail a-steach nan stiùiridhean air dìon chloinne air a bheillear a' toirt iomradh sa phoileasaidh (faic td1-3 gu h-àrd)
- A bhith a' dèiligeadh ris a h-uile duine gu cothromach, le spèis, urram agus mar neach fa-leth
- A bhith a' conaltradh le clann is daoine òga ann an dòigh bhrioghmhor, a tha a' cur luach annta
- A bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh le clann is daoine òga iomchaidh agus buntainneach ri obair Comhairle nan Leabhraichean
- A bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan a thèid a chleachdadh iomchaidh is nach eil e oilbheumach no leth-bhreitheach
- A bhith mothachail air so-leòntachd sam bith a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith aig cuid den chloinn, òigridh no coimhearsnachdan
- A bhith a' toirt urram dhan chòir aig clann is daoine òga air prìobhaideachd
- A bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid gnòthaichean a chumail ann an dòigh cho sàbhailte 's a ghabhas agus gun tèid cunnartan a lùghdachadh
- Nuair a ghabhas e dèanamh, a bhith a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil barrachd air aon inbheach an làthair aig gnìomhan anns a bheil clann an sàs
- A bhith a' tuigsinn nuair a tha beantainn chorpóra iomchaidh, agus a bhith mothachail gun gabh beantainn chorpóra a mhì-thuigsinn
- A bhith a' seasamh an aghaidh giùlain neo-iomchaidh agus ag aithris air draghan no casaidean sam bith
- Ma tha draghan air an togail, clàraich iad sin cho luath 's a ghabhas le bhith a' cur fios gu Stiùiriche Comhairle nan Leabhraichean air 0141 337 6211 no, ma tha èiginn ann, le bhith a' cur fios chun a' phoileis no gu seirbheisean dìon chloinne air na h-àireamhan a tha air taobh-duilleig 2 gu h-àrd

Cha bu chòir luchd-obrach agus saor-thoilich:

- A bhith a’ cur draghan sam bith ann an neo-shuim no gan leigeil seachad
- A bhith a’ gealltainn dìomhaireachd do phàiste no neach òg
- A bhith a’ togail dhàimhean nach eil iomchaidh le clann, òigridh no an teaghlaichean, mar eisimpleir, conaltradh taobh a-muigh obair
- A bhith a’ toirt seachad fios conaltraidh pearsanta no a bhith an sàs ann an gnìomhan air-loidhne le clann, òigridh no an teaghlaichean taobh a-muigh obair Comhairle nan Leabhraichean
- A bhith ag ràdh, no a’ dèanamh gluasadan, magail, oilbheumach no feiseil ri, no air beulaibh, clann is òigridh
- A bhith an sàs ann an càirdeas feiseil le neach òg
- A bhith ri dol a-mach a dh’fhaodadh a bhith air fhaicinn mar bhagairteach no sàrachail
- Leigeil le burraidheachd tachairt gun a bhith a’ cur na aghaidh
- A bhith a’ gabhail riosgan nach eil deatamach nuair a tha measadh no poileasaidh a’ sealltainn gum biodh dòigh-obrach eile na b’ fheàrr

#### Measadh Chunnartan:

Bu chòir do luchd-obrach, saor-thoilich no daoine eile a tha ag obair le clann agus daoine òga às leth Comhairle nan Leabhraichean a bhith a’ planadh agus a’ measadh nan cunnartan aig gnìomhachd sam bith a rèir nan slatan-tomhais a leanas:

- freagarrachd an ionaid airson na gnìomhachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirtichean sàbhailte gu corporra
- an roghainn de theacsaichean agus stuthan teagaisg a tha iomchaidh airson aois nan com-pàirtichean
- an co-mheas eadar inbhich is clann gus stiùireadh iomchaidh a thoirt seachad
- dè na ceuman a bu chòir gabhail ma thèid rudeigin ceàrr

#### Trèanadh:

Thathar a’ brosnachadh luchd-obrach, saor-thoilich no daoine eile a tha ag obair às leth Comhairle nan Leabhraichean bruidhinn ris an Stiùiriche mu thrèanadh sam bith a dh’fheumas iad co-cheangailte ris an obair aca le clann is daoine òga.

#### Gealltanais dìona:

Tha a h-uile duine againn aig Comhairle nan Leabhraichean a’ gealltainn gun dèan sinn cinnteach gum bi an t-àm as fheàrr ’s a ghabhas aig clann is daoine òga nuair a tha iad a’ gabhail pàirt sna gnìomhan againn. Tha sinn a’ creidsinn gu bheil a’ chòir agad a bhith a’ faireachdainn sàbhailte agus cofhurtail nuair a tha thu còmhla ruinn. Nì sinn ar dìcheall gus na geallaidhean a rinn sinn dhut a choileanadh.

#### Bidh sinn:

- A’ dèanamh cinnteach gu bheil fàilte ort
- Daonnan a’ coimhead air na feumalachdan agad mar am prìomhachas againn
- A’ dèiligeadh ri clann agus daoine òga uile gu cothromach
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil fios aig an luchd-obrach agus na saor-thoilich againn air na bu chòir dhaibh a bhith a’ dèanamh
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhachdan againn cho sàbhailte ’s a ghabhas
- Ag èisteachd ris na rudan a tha thu airson a ràdh ruinn
- A’ dèanamh ar dìcheall gus am bi deagh spòrs agad
- A’ dèanamh na tha sinn air a ràdh a nì sinn!

Ag ath-sgrùdadh a' chòd-ghìulain seo:

Bu chòir an còd-gìulain seo a leughadh còmhla ris a' Phoileasaidh Dìon Chloinne (faic td1-3 gu h-àrd).

Chaidh am poileasaidh agus an còd aontachadh le Bòrd nan Urrasairean air 24 Ògmhios 2020, agus chaidh an sgrùdadh agus aontachadh a-rithist air 30 Ògmhios 2021, air 28 Ògmhios 2022, air 27 Ògmhios 2023, agus a-rithist aig coinneamh a' bhùird air 26 Ògmhios 2024.